

FAIGH AN TUILLEADH FIOSRACHAIDH

Tha an làrach-lìn aig Balla Antonine, air an liosta air cùl na bileig seo, a' tairginn farsaingeachd e dh'fhiosrachadh mun làraich agus mu ghoireasan eile a chuidicheas le planadh airson cuairt a ghabhail ann. Tha gailearaidhean meadhanan air, iùilean coiseachd a ghabhas luchdachadh a-nuas agus gach sgrìobhainn a tha co-cheangailte ri riaghladh na làraich.

Airson fiosrachadh mu thachartasan sònraichte no goireasan foghlaim, feuch làrach-lìn Balla Antonine no na làraich-lìn aig na h-ughdarrasan ionadail agus na taighean-tasgaidh air an liosta air an duilleig chùil.

Tha an tuilleadh fiosrachaidh mun chrìch nas fharsaing agus na h-eileamaidean eadar-nàiseanta ri fhaotainn air na làraich-lìn aig Balla Hadrian agus na Limes Gearmailteach.



Altair © Hunterian Museum



Rough Castle © www.rcahms.gov.uk



Clach-mhìle Bridgeness © National Museums of Scotland



You may re-use this information (excluding logos and images) free of charge in any format or medium, under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated.

TUILLEADH FIOSRACHAIDH

www.antoninewall.org

ÀRAINNEACHD EACHDRAIDHEIL ALBA

Longmore House, Salisbury Place, Edinburgh EH9 1SH
Tel: +44 (0)131 668 8600 Email: worldheritage@hes.scot
www.historicenvironment.scot

COMHAIRLE SIORRACHD DHÙN BREATANN AN EAR

Business & Tourism, Southbank Marina,
12 Strathkelvin Place, Kirkintilloch, Glasgow G66 1TJ
Tel: +44 (0)141 578 8625
www.eastdunbarton.gov.uk

COMHAIRLE NA H-EAGLAISE BRICE, Development Service,
Abbotsford House, David's Loan, Bainsford, Falkirk FK2 7YZ
Tel: +44 (0)1324 504950

www.falkirk.gov.uk

COMHAIRLE BAILE GHLASCHU

Development and Regeneration Services, Development
Management, 231 George Street, Glasgow G1 1RX
Tel: +44 (0)141 287 8555

www.glasgow.gov.uk

COMHAIRLE SIORRACHD LANNRAIG A TUATH,
Environmental Services, Fleming House, Tryst Road,
Cumbernauld G67 1JW, Tel: +44 (0)1236 632 638

www.northlanarkshire.gov.uk

COMHAIRLE SIORRACHD DHÙN BREATANN AN IAR,
Planning, Building Standards and Environmental Health, West
Dunbartonshire Council, 16 Church Street, Dumbarton G82 1QL
Tel: +44 (0)141 951 7948

www.west-dunbarton.gov.uk

BALLA HADRIAN, Management Plan Coordinator,
Hadrian's Wall World Heritage Site, c/o Conservation Team,
Development Services, Planning, Economy & Housing
Directorate, Northumberland County Council
Tel: +44 (0)7725 957 901

Email: john.scott@northumberland.gov.uk

www.visithadrianswall.co.uk

LIMES GEARMAILTEACH, Deutsche Limeskommissionen,
Saalburg Castle, Castle Hall 1, 61350 Bad Homburg
Tel: +49 (0)6175 937 434

www.deutsche-limeskommission.de

TAIGH-TASGAIDH MHIC AN T-SEALGAIR, University Avenue,
Glasgow G12 8QQ, Tel: +44 (0)141 330 4221

Email: hunterian-enquiries@glasgow.ac.uk

www.gla.ac.uk/hunterian

TAIGHEAN-TASGAIDH NÀISEANTA NA H-ALBA,
Chambers Street, Edinburgh EH1 1JF

Tel: +44 (0)300 123 6789 Email: info@nms.ac.uk

www.nms.ac.uk

TAIGH-TASGAIDH CHINN AN FHÀIL,

Kinneil Estate, Bo'ness EH51 OPR, Tel: +44 (0)1506 778 530

www.falkirkcommunitytrust.org/venues/kinneil-museum

TAIGH-TASGAIDH CALLENDAR HOUSE,

Callendar Park, Falkirk FK1 1YR, Tel: +44 (0)1324 503770

Email: callendar.house@falkirk.gov.uk

www.falkirkcommunitytrust.org/venues/callendar-house

TAIGH-TASGAIDH AN T-SEANN EAGLAIS,

Cowgate, Kirkintilloch G66 1AB

Tel: +44 (0)141 578 0144


www.edlc.co.uk

Air a chur an clò le Historic Environment Scotland
lomhaighean © Crown Copyright HES mur eil a chaochladh air a ràdh.
Còmhdach aghaidh: Balla Antonine aig Watling Lodge
© Historic Environment Scotland - Scottish Charity No. SC045925



THE
ANTONINE WALL

FRONTIERS OF THE ROMAN EMPIRE



Làrach Dhualchas
na Cruinne

Bho chionn faisg air 2000 bliadhna, b'è Balla Antonine a' chrìoch a bha air Ìmpireachd na Ròimhe san iar-thuath. Air a thogail le òrdugh Ìmpire Antoninus Pius anns na bliadhnaichean an dèidh AD140, bha e a' sìneadh fad 40 mìle Ròmanach (60 cm) bho far a bheil Ceann Fhàil an latha an-diugh air linne Foirthe gu Seann Cille Phàdraig air Abhainn Chluaidh.



Argent Antonius Pius © Hunterian Museum

Rè ùine tha àrainneachd ghniomhachasach agus mhalairteach Alba air fàs mun cuairt air, ach doirbh 's gu bheil e a chreidsinn, tha mu thrìan dhe làn fhaid fhathast ri fhaicinn an-diugh. Tha an obair aig arc-eòlaichean air dearbhadh gu bheil mòran dhen chòrr dheth fhathast ri lorg tiodhlaicte fo achaidhean agus bho bhailtean.

Chaidh a sgrìobhadh mar Làrach Dhualchas na Cruinne ann an 2008, a' dol na phàirt de Làrach Dhualchas na Cruinne, Crìochan Ìmpireachd na Ròimhe, còmhla ri Balla Hadrian agus na Limes Gearmailteach.



DÈ BHA ANN AM BALLA ANTONINE?

'S e balla dha-rìribh a bha ann am Balla Antonine ach cuideachd 's e samhla a bha ann air cumhachd agus ùghdarras Ìmpireachd na Ròimhe. Cha b'è "balla" cloiche a bha riamh ann. 'S e bh' ann ach mùr air a thogail le sgrathan, le dig leathann, dhomhain air a bheulaibh.

Bha àiteachan-fuirich ann an dùin agus ann an daingnichean beaga aig na saighdearan a bha stèidhichte air a' chrìch. Bha iad sin cuideachd nan àiteachan sàbhailte airson smachd a chumail air gluasadan tuath agus deas. Air cùl a' mhùir, bha na dùin uile air an ceangal ri chèile le rathad, ris an cante am Military Way.

B' e Balla Antonine a' chrìoch a b' fhaide tuath aig an Ìmpireachd agus, nuair a chaidh a thogail, b'è a' chrìoch a b' iomadh-fhillte a thog arm nan Ròmanach a-riamh. B'è am fear mu dheireadh de na crìochan sreathach a thog na Ròmanaich agus cha robh e air a chleachdadh ach le mu aon ghinealach a-mhàin mus deach a thrèigsinn as na AD 160an.



Baraille bho Bar Hill

DÈ A CHI MI 'S DÈ A NÌ MI AN-DIUGH?

Tha loidhne Balla Antonine an-diugh a' dol tro sgìrean còig Ùghdarrasan Ionadail (Dùn Breatann an Ear, An Eaglais Bhreac, Glaschu, Lannraig a Tuath agus Dùn Breatann an Iar) agus tha àireamh de làraich agus de thaighean-tasgaidh anns gach sgìre.

Aig Croy Hill agus aig Seabegs tha cuid de na pàirtean as fheàrr a tha air an caomhnadh den mhùr, den dig agus am Military Way rim faicinn. Tha dùin mhatha rim faicinn aig Bar Hill agus aig Rough Castle agus tha amair Ròmanach rin lorg aig Bearsden agus Bar Hill.

Tha gnothaichean pearsanta, leacan-uaiige agus comharran-mìle rim faicinn ann an taighean-tasgaidh air an t-slighe. Feuch Taigh-tasgaidh an t-Seann Eaglais ann an Cair Ceann Tulaich, Callendar House anns an Eaglais Bhric, Taigh-tasgaidh Chinn an Fhàil, Taigh-tasgaidh Mhic an t-Sealgair ann an Glaschu no an Taigh-tasgaidh Nàiseanta ann an Dùn Èideann.



Pot bho Murrills, Falkirk

Bho chli gu deas
 Rough Castle
 Amair Ròmanach Bearsden
 Lilia aig Rough Castle
 Bar Hill

